

## GAIRM GU ÙRNAIGH: LATHA NA SÀBAID 12mh dhen IUCHAR 2020

### Ùrnaigh aig 7f

Tha ar n-eòlas air an t-saoghal agus air ar beatha dealbhaichte gu mòr leis ar n-eachdraidh agus na tha sinn a' faicinn mu thimcheall oirnn. Tro bhliadhnaichean ar beathannan, bheir iomadh rud buaidh air ar fèin-àithne agus air ar n-eòlas, eadar dualchas agus tachartasan agus suidheachadhan de gach seòrsa. Agus mar sluagh Dhè, tha fèin-àithne agus eòlas againn stèidhichte air a' choimhearsnachd a chruthaich Iosa Crìosd, glèidhte agus ath-nuadhaichte tron Spiorad Naomh. Anns a' choimhearsnachd sin, le stiùireadh Spiorad Dhè, chì sinn nach eil ar fèin-àithe agus ar n-eòlas stèidhichte a-mhàin air na thachair an-dè agus na tha a' tachairt an-diugh, ach air ar dòchas san àm ri teachd mar an ceudna. Cluinnidh sinn, mar phobal an Tighearna, faclan Sgrìobtair ag ràdh, "Mar sin, chan eil dìteadh sam bith a-nis ann dhaibhsan a th' ann an Crìosd Iosa" (Ròmanaich 8: 1). Ge brith na rudan a thachair anns na làithean a dh'fhalbh, ge brith na dùbhlain againn an-diugh, faodaidh sinn cumail oirnn le cinnt nach eil rud sam bith an comas air ar sgaradh o ghaol Dhè.

Dèanamaid ùrnaigh:

A Dhè Bheò, is tusa Ùghdar na Cruinne,  
rinn thu sinn nad ìomhaigh fhèin  
agus ghlèidh thu sinn anns na làithean a dh'fhalbh.  
Glèidh sinn agus dìon sinn, mar a rinn thu riamh.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè Bheò, is tusa ar Fear-saoraidh agus ar Fear-slànachaidh.  
Tha thu a' rèiteachadh a h-uile nì tro Iosa Crìosd,  
ìomhaigh an Dè neo-fhaicsinnich.  
Glèidh ar beathannan agus dìon sinn an-diugh.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè Bheò, thug thu dhuinn tìodhlac do Spioraid.  
Bheir thu dhuinn anail na beatha fhèin,  
agus bidh thu gar n-ath-nuadhachadh le do Spiorad.  
Treòraich sinn tron àm ri teachd, le Crìosd agus le do Spiorad.

A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè Bheò, bha thu maille rinn anns na làithean a dh'fhalbh,  
bi maille rinn an-diugh, agus anns gach latha a tha ri teachd.  
Deònaich gun faod sinn cumail oirnn  
le cinnt nach eil rud sam bith an comas air ar sgaradh o ghaol Dhè.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

Soidhnichte:

An Ceart Urramach Màrtainn Fair, Moderàtor Àrd-Sheanadh Eaglais na h-Alba

Am Fìor Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann

Am Fìor Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean,  
Eaglais Easbaigeach na h-Alba

An t-Urramach Iain Fulton, Moderàtor, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba

An t-Urramach Daibhidh Pickering, Moderàtor, Eaglais Ath-Leasaichte  
Aonaichte (Alba)

An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba

An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam  
Methodach (Alba)

An t-Urramach May-Kane Logan, Cathraiche, Caidreachas Co-thionalach ann an  
Alba

Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte

Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)

An t-Urramach Jim Ritchie, Àrd-Neach-Stiùiridh Roinn-Dùthcha, Eileanan  
Bhreatainn, Eaglais an Nàsaraich

Aoghaire Chris Gbenle, Aoghaire Roinn-Dùthcha, Mòr-Roinn na h-Alba, Eaglais  
Chrìosdal air Saoradh le Dia

Easbaig Francis Alao, Eaglais Dhè (Alba)/ Eaglaisean nam mìon-shluagh còmhla  
ann an Alba (MECTIS)

An t-Urramach Fred Drummond, Stiùiriche, Caidreachas Soisgeulach (Alba)